

## A' tighinn gu aonta air na Reachdan

Chùm an t-Easbaig Anndra Knox cùirt air 24 Lùnastal 1609 air Eilean naomh Ì, far an deach na **Reachdan** aontachadh.

Ghabh naoinear de **chinn-chinnidh** na Gàidhealtachd agus nan Eilean bòid fhìor **shòlamaichte** a bha a' **gealltainn** gum **biodh** iad dìleas don Rìgh, Seumas VI agus do laghan na h-Alba san àm ri teachd.



B' iad na **cinn-chinnidh**:

Aonghas MacDhòmhnail Dhùn Naomhaig ann an Ìle

Eachann MacIlleain Dhubhaird ann am Muile

Dòmhnall Gorm MacDhòmhnail Shlèite, san Eilean Sgitheanach

Ruaraidh MacLeòid na Hearadh

Ruaraidh MacFhionghain Shrath Shuardail san Eilean Sgitheanach

Lachlann MacIlleain, Cholla

Dòmhnall MacDhòmhnail Eilein Thioraim, Mùideart (Caiptean Clann Raghnaill)

Lachlann MacIlleain Loch Bhuidhe, Muile

Gilleasbaig MacGuair Ulbha